

# Scrìonadh airson MRSA

## Fiosrachadh dha euslaintich

Ann an Alba, tha ospadalan a tha a' làimhseachadh euslaintich ann an èiginn agus a' dèanamh obair lannsa a' toirt a-steach scrìonadh airson MRSA (meticillin resistant staphylococcus aureus). Chan eil ann an scrìonadh ach dìreach aon de na dòighean anns a bheil sinn a' cumail oirnn a' dèiligeadh ri galairean leithid MRSA anns na h-ospadalan. Bheir a' bhileag seo tuilleadh fiosrachaidh dhut mu scrìonadh airson MRSA agus na tha sin a'ciallachadh dhut. Is urrainn don ospadal agad tuilleadh fiosrachaidh a thoirt dhut a thaobh MRSA. Feuch am bruidhinn thu ris an dotair no ris a' bhanaltrum agad ma tha ceistean sam bith agad.

### Dè th'ann an MRSA?

Is e bitheag cumanta a th'ann an MRSA. Tha sin a' seasamh airson meticillin resistant staphylococcus aureus. Is e dreach cumanta de bhitheag a th'ann an Staphylococcus aureus a mhaireas beò air do chraiceann agus nach dèan cron sam bith dhut, ach aig amannan faodaidh e grunn ghalairean cumanta adhbhrachadh. Mar as trice, ma tha staphylococcus aureus na do shròin no air do chraiceann cha dèan sin cron sam bith ort, oir chan eil cunnart anns a' bhitheag gu h-àbhaisteach do dhaoine fallain. Chan eil daoine a bhios ga ghiùlan mothachail gu bheil e orra, agus cha bhith comharradh sam bith orra. Tha MRSA na sheòrsa de staphylococcus aureus nach urrainnear a làimhseachadh nas fhaide le meticillin (seòrsa de dh'antibiotaic), ach is urrainn dhuinn a làimhseachadh le stuth nighe cuirp agus uachdar airson do shròin. Thathas a' tuairmse gu bheil timcheall air 5% de dh'euslaintich iomlan a thèid a thoirt a-steach don ospadal le bitheag MRSA air a' chraiceann aca no san t-sròin aca mu thràth, eadhon ged a bhiodh iad a' faireachdainn gu math.

### Ciamar a sgaoileas MRSA?

Thèid MRSA a sgaoileadh gu cumanta bho dhuine gu duine le suathadh làimhe. Is ann air sgàth sin a tha e cho cudromach a bhith a' nighe do làmhan agus a' cleachdadh glaoth làimhe alcol. Is e a bhith a' cumail na làmhan glan aon de na dòighean as cudromaiche agus as èifeachdaiche airson stad a chur air sgaoileadh MRSA.

### Dè th'ann an scrìonadh agus carson a thathas ga dhèanamh?

Tha scrìonadh MRSA a' toirt a-steach a bhith ag aithneachadh agus a' dèanamh deuchainn air euslaintich a thig a-steach don ospadal seo gus am faic sinn cò a tha a' giùlan a' bhitheag mu thràth. Tha bitheag MRSA nas dualtaich galair adhbhrachadh ann an daoine nach eil gu math, agus is ann airson sin a tha e cho cudromach gun aithnichear gu bheil MRSA air daoine ann an ospadal mus dèan e cron dhaibh no mus sgaoil e gu feadhainn eile. Mas urrainn dhuinn aithne fhaighinn air na h-euslaintich air a bheil MRSA sa chorp aca nuair a thig iad a-steach don ospadal, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gum faigh iad an cùram as fheàrr agus as iomchaidh.

## **Cò air a nì sibh deuchainn airson MRSA?**

Ma bhios tu a-staigh fad oidhche san ospadal agus gun aithnichear gu bheil thu ann an cunnart nì sinn deuchainn ort airson MRSA.

## **Ciamar a gheibh thu am ball-sampaill agam?**

Gheibh neach-obrach san ospadal ball-sampaill le bhith a' faighinn suathadh bho do shròin agus bho do cheòs (am pàirt eadar an tòin agus na gineadan) a' cleachdadh biodach cotan. Mar as trice chan eil pian sam bith an cois seo agus chan eil e ach beagan mì-chomhfhurtail. Bheirear spèis don dìomhaireachd agus don mhòralachd agad an-còmhnaidh nuair a bhios sinn a' faighinn nam buill-sampaill sin.

## **Dè thachras ma lorgas tu MRSA anns a' bhall-sampaill agam?**

Is urrainn MRSA a làimhseachadh. Chan eil làimhseachadh an-còmhnaidh iomchaidh dhan h-uile duine. Bruidhnidh an dotair agad riut mun chùram as iomchaidh dhuit. Feuch am bruidhinn thu ris an dotair no ris a' bhanaltram agad ma tha dragh ort mu phàirt sam bith den làimhseachadh agad. Ma tha MRSA ort, coimheadaidh sinn às do dhèidh air leth bho euslaintich eile.

## **Càite am faigh mi tuilleadh fiosrachaidh?**

Ma tha ceistean sam bith agad mu scrìonadh airson MRSA, feuch am faighnich thu dha neach-obrach sam bith. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh nas coitchinn a thaobh MRSA bhon làrach againn aig [www.hps.scot.nhs.uk](http://www.hps.scot.nhs.uk)

Tha a' bhileag seo ri fhaighinn ann an cànanan eile cuideachd a bharrachd air clò mòr, ann am Braille (Beurla a-mhàin) agus air teap claisinn. Faodar dreach den bhileag seo a tha furasta a leughadh fhaighinn cuideachd. Ma tha thu airson leth-bhreac den bhileag seo fhaighinn ann an cànan no ann an cruth eile, feuch am faighnich thu do neach-obrach no cur fios chun Oifigear Conaltraidh againn aig:

3mh Làr, Cùirt Meridian,  
5 Sràid Cadogan,  
Glaschu, G2 6QE

0141 300 1100

Tha roghainnean cànan eile agus an dreach leughaidh furasta ri fhaighinn bho làrach-lìn HPA: <http://www.hps.scot.nhs.uk/haiic/sshaip/mrsascreeningpathfinderpublic.aspx>